

Nàiseanta 4 Gàidhlig Èisteachd Turas bus Earrann èisteachd mu thuras anns an Eilean Sgitheanach.

Madainn mhath agus fàilte air an turas seo. Seo beagan fiosrachaidh mun latha.

Bidh am bus againn a' fàgail Caol Acainn ann an còig mionaidean airson ar turas gu Caisteal Dhùn Bheagain ann an iar-thuath an Eilein Sgitheanaich.

Bidh sinn a' siubhal seachad air beanntan àrda an eilein. Tha latha àlainn ann agus chì sinn seallaidhean brèagha. Bidh sinn a' stad an toiseach ann am prìomh bhaile an eilein, Port Rìgh. Gabhaidh sinn cofaidh na maidne ann an Taigh-òsta an Rìgh.

An uair sin nì sinn ar slighe gu Caisteal Dhùn Bheagain far an gabh sinn cuairt tron chaisteal. Ma tha duine ga iarraidh, bidh cothrom ann a dhol a-mach ann am bàta a dh'fhaicinn nan ròn agus an eunlaith air na h-eileanan beaga mun cuairt. Bidh an turas anns a' bhàta mu leth-uair a thìde. Mur a h-eil sibh airson a dhol air a' bhàta, faodaidh sibh cuairt a ghabhail tro na gàrraidhean timcheall a' chaisteil. Bu chòir dhan a h-uile duine a bhith air ais air a' bhus aig uair.

Bidh an t-acras oirbh agus thèid sinn an uair sin dhan taigh-bìdh ainmeil, *Na Trì Dorsan*. An dèidh sin tillidh sinn gu Caol Acainn air rathad Bhracadail far am faic sinn sealladh àlainn de na h-Eileanan Beaga. Bidh sinn a' stad airson dealbhan a thogail air an rathad dhachaigh. Bidh sinn air ais ann an seo mu leth-uair an dèidh ceithir.

Tha mi an dòchas gun còrd an latha ribh gu mòr.